

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Ceit Mhòr na Sròine (2)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk. This is Litir 887. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 583 corresponds to Litir 887.

Bha mi ag innse dhuibh na seann eachdraidh mu Cheit Mhòr na Sròine a bhuineadh do dh’Obar Gheallaidh ann am Màrr. Bha i fhèin is Dòmhnall Biorach à Athall air leth math air dannsadh còmhla. Chuir sin fearg air fir Mhàrr oir bha iad dhen beachd gun robh iadsan fada na b’ fheàrr air dannsadh na muinntir Athall. Bha Dòmhnall is Ceit a’ dannsadh aig cuirm an dèidh banais. Bha fear mòr à Màrr agus Dòmhnall a’ dannsadh ruidhle. Thilg am fear mòr Dòmhnall don teine a dh’aona-ghnothach, agus e ag ràdh, ‘Bodaich dhubh Shrath Àrdail, gun crathainn anns an luaith iad!’

Leum Dòmhnall a-steach don t-seat a-rithist, a’ dol le ruitheam a’ chiùil mar nach robh dad air tachairt. Cha do sheall e gun robh fearg air no gun robh e a’ dol a dh’fhaighinn dìoghaltas air an fhear eile. Nuair a bha am fear mòr agus Dòmhnall an gàirdeanan a chèile a-rithist, thilg Dòmhnall am fear eile le uile neart, a’ cur a ghualainn a-mach, agus ga fhàgail na laighe fo bhòrd. Thuirt e, ‘Bodaich mhòra, bhoga Mhàrr, gun crathainn às a’ ghualainn iad!’

Bha am fear à Màrr a’ sgreuchail le pian. Tharraing e a bhiodag a-mach agus rinn e air Dòmhnall leatha. Bha an cuthach air agus bha e a’ dol a mharbhadh Dhòmhnail. Ach leum Ceit Mhòr na Sròine eatarra. Shàbhail sin beatha Dhòmhnail ach gu mì-fhortanach chaidh an t-sròn mhòr aig Ceit a ghearradh dheth. Bha ùpraid mhòr ann, agus daoine a’ tarraing an cuid bhiodagan. Ach chaidh aig a’ Ghòrdanach agus am Baran Ruadh air a h-uile duine a shocrachadh.

Chaidh a h-uile duine timcheall air Ceit Mhòr. Bha iad a’ sealltainn truas dhi airson a sròn a chall. Bha i fhèin troimhe-chèile. Bha i ag ràdh nach fhaigheadh i duine cèile a-nise oir bha i air a bòidhchead a chall le a sròn.

Ach cha b’ e sin beachd Dhòmhnail. ‘Bidh thu eadhon nas fheàrr mar dhannsair a-nise,’ thuirt e, ‘agus tu **às aonais do shròine mòire**. Oir bidh thu nas aotruime.’ Shaoileadh tu gun robh beachd faoin mar sin air Ceit a chur troimhe-chèile buileach. Ach dh’obraich e anns an dòigh eile. **Sguir i a ghal.** ’S dòcha gun do thuig i gun robh nòisean aig Dòmhnall dhi.

Chaidh Dòmhnall a bhruidhinn ris a’ Ghòrdanach, an ceann-cinnidh aice. ‘Bhiodh e math dhomh,’ thuirt Dòmhnall, ‘nam biodh banarach làidir mar sin agam air an àirigh aig Cam a’ Choire, gu h-àraidh nuair a thig ceatharnaich an rathad sin.’ Thuirt an Ghòrdanach gun robh Dòmhnall ceart. Dh’iarr e air an t-sagart a thilleadh.

Bha dàrna banais ann air an oidhche sin, agus rinneadh fear is bean de Dhòmhnall agus Ceit. Tha iad ag ràdh gun robh an danns an dèidh làimhe air leth

math, ged a bhithinn an dùil gun robh Ceit bhoichd ro ghoirt airson mòran dannsaidh a dhèanamh!

Bha pòsadh toilichte eadar Dòmhnall agus Ceit Mhòr. Gu mì-fhortanach, ge-tà, mhair e dìreach naoi bliadhna. Ann an còig ceud deug is trì-deug (1513), chaidh Dòmhnall le arm na h-Alba gu ruige Blàr Flodden ann an Sasainn. Chaidh Dòmhnall a mharbhadh an sin, cuide ri a cheann-cinnidh, Iarla Athall. Agus bha Ceit bhoichd air a fàgail na banntnach.

* * * * *

Faclan na Litreach: ruidhle: *reel*; a dh'aona-ghnothach: *deliberately*; ruitheam: *rhythm*; biodag: *dirk*; cuthach: *rage*; ùpraid: *uproar*; faoin: *silly*; ceann-cinnidh: *clan leader*; ceatharnaich: *freebooters*; sagart: *priest*; mhair e: *it lasted*.

Abairtean na Litreach: Ceit Mhòr na Sròine: *Big Kate of the Nose*; a bhuineadh do dh'Obar Gheallaidh ann am Màrr: *who belonged to Abergeldie in Mar*; chuir sin fearg air fir Mhàrr: *that angered the men of Mar*; na b' fheàrr air dannsadh na muinntir Athall: *better at dancing than the people of Atholl*; aig cuirm an dèidh banais: *at a feast after a wedding*; bodaich dhubh Shrath Àrdail, gun crathainn anns an luaith iad: *black men of Strathardle, I'd shake them in the fire ash*; leum Dòmhnall a-steach don t-seat a-rithist: *Donald jumped into the set again*; an gairdeanan a chèile a-rithist: *with arms linked again*; a' dol a dh'fhaighinn dìoghaltas air: *going to get revenge on*; le uile neart, a' cur a ghualainn a-mach: *with all his strength, putting out his shoulder*; na laighe fo bhòrd: *lying under a table*; bodaich mhòra, bhoga Mhàrr, gun crathainn às a' ghualainn iad: *big, soft men of Mar, I'd shake them from their shoulders*; a' sgreuchail le pian: *screaming in pain*; chaidh an t-sròn mhòr aig Ceit a ghearradh dheth: *Kate's big nose was cut off*; a' tarraing an cuid bhiodagan: *drawing their dirks*; chaidh aig X air a h-uile duine a shocrachadh: *X managed to settle everybody*; a' sealltainn truas dhi: *showing her pity*; bha i air a bòidhchead a chall: *she had lost her beauty*; bidh thu nas aotruime: *you will be lighter*; gun do thuig i gun robh nòisean aig Dòmhnall dhi: *that she understood that Donald fancied her*; nam biodh banarach làidir mar sin agam air an àirigh: *if I had a strong milkmaid like that at the shieling*; bha Ceit bhoichd air a fàgail na banntnach: *poor Kate was left a widow*.

Puing-chànain na Litreach: às aonais do shròine mòire: *without your big nose*. Às aonais, being a compound preposition, commands a noun in the genitive case, certainly when it is a definite noun (with an article). In this case the article is the possessive article or adjective do. Sròn, being a feminine noun, slenderises and (being of one syllable) adopts a terminal 'e'. The terminal 'e' in turn negates the lenition that would be applied to the adjective in the nominative and dative cases (eg an t-sròn mhòr, air an t-sròin mhòir) and mòir becomes mòire, matching the terminal 'e' of the noun.

Gnàthas-cainnt na Litreach: Sguir i a ghal: *she stopped crying*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA